

An t-Alltan: Aithisgean air Prìomh Sheiseanan

Bogadh cànan: sùil air diofar mhodalan, le beachd on Chuimrigh

Amasan:

- Mineachadh nan diofar mhodalan bogaidh a tha gan cleachdadh ann an Alba agus sa Chuimrigh
- Deasbad neartan is laigsean
- Coimhead air roghain ghoireasan airson cothroman bogaidh cànan a nochdadh

Luchd-libhrigidh:

Cathie Niclain, Morfudd Roberts (Riaghaltas na Cuimrigh)

Aithisg:

- Chaidh bruidhinn air na diofar mhodalan a tha gan cleachdadh ann an Alba agus anns a' Chuimrigh. Bha e soilleir gu bheil modal nas stèidhichte sa Chuimrigh agus gu bheil eadar-dhealachadh mòr eadar dhòighean-obrach ann an diofar ùghdarrasan agus sgoiltean ann an Alba. Tha grunn sgoiltean is ùghdarrasan, mar eisimpleir, a' leantainn clàr-teagaisg cànan a tha a' sònachadh phuingean-cànain a bu chòir a bhith air an daigheachadh aig diofar ìrean (ann an clasaichean bogaidh is eile), ach chan eil structar foirmeil aig feadhainn eile.
- Bha deasban ann mu phrionnsapail bhunaiteach, a lean san t-seisean fosgailte aig deireadh na co-labhairt. Bha cuid gu làidir den bheachd gum bu chòir an dà chànan a chleachdadh agus bha cuid eile, na h-oilthighean nam measg, gu làidir den bheachd nach bu chòir Beurla a chleachdadh ach ann an suidheachadh far am faodadh cunnart slàinte agus sàbhailteachd a bhith ann.
- Fhuair luchd com-pàirt cothrom coimhead air a' phocan-stoiridh agus leabhar mòr 'Catriona air Chuairt' airson cothroman bogadh cànan a nochdadh.



Stuthan:

Welsh Foundation Education: background information (ann an riochd .ppt)

Welsh Immersion Education: background information (ann an riochd .ppt)

Clàr-teagaisg cànan (eisimpleir), le taing do Chomhairle na Gàidhealtachd agus D I MacLeòid (ann an riochd .pdf)